

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



Please scroll down for English Version

Fios Naidheachd: Cleachd sa bhad

Ceann-latha: 28.05.10

ÀRD-MHANAIDSEAR AIR FHASTADH AIRSON PRÒISEACT SOILLSE

Tha Iain Caimbeul à Gearraidh Bhailteas Uibhist a Deas air fhastadh mar Àrd-Mhanaidsear air a' phròiseact rannsachaидh ùir Soillse.

Tha Iain a' fuireach an-diugh ann an sgìre Chill-Tharaghlaин goirid do Inbhir Nis. Thairis air na h-ochd bliadhna a chaidh seachad tha e air a bhith na Stiùiriche air a' chompanaидh chomhairleachaidh aige fhèin, Hecla Consulting. Anns an àm sin tha e air a bhith an lùib mòran pròiseactan rannsachaيدh ceangailte ri cuspairean leasachadh na Gàidhlig.

Roimhe sin bha e na Àrd-Chomhairliche aig EKOS Consultants agus bha e cuideachd na Mhanaidsear Planaidh aig lomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean. Tha trì ceumannan MSc aige agus ceum BSc le Urram ann an cuspairean ceangailte ri Leasachadh, Eaconamachd agus Stiùireadh. Chaidh oideachadh an toiseach ann am bun-sgoil Chill Donnain agus ann an sgoil Dhalabroig an Uibhist a Deas.

Bidh am pròiseact Soillse stèidhichte airson sia bliadhna sa chìad dol-a-mach agus tha maoineachadh luach £5.29m air a chur mu choinneamh a' phròiseict. Tha leth dhan maoineachadh a' tighinn bho Chomhairle Maoineachadh na h-Alba (£1.866m); Bòrd na Gàidhlig (£0.541m); agus lomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean (£0.4m). Tha an dàrna leth gus a bhith tighinn bho na h-Oilthighean a tha gabhail pàirt ann an Soillse. 'S iad sin: Oilthigh Obar Dheathain, Oilthigh Ghlaschu, Oilthigh Dhùn Èideann agus OGE, oilthigh na Gaidhealtachd is nan Eilean a tha ga chruthachadh an-dràsta.

Tha Soillse gus a bhith rannsachadh chuspairean ann an trì raointean sònraichte, agus 's iad sin: uidheachadh na Gàidhlig ann an teaghlaichean agus coimhairsnachdan; a' cruthachadh fianais dhearbhте mu thoraidhean càinann ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig aig diofar irean; agus a' measadh cho èifeachdach is a tha poileasaidhean poblach ceangailte ris a' Ghàidhlig agus na planaichean càinann aig na buidhnean poblach.

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



Chuir am Proifeasair Boyd Robasdan, Prionnsapal, Sabhal Mòr Ostaig fàilte air Iain dhan dreuchd ag ràdh: "Tha sinn air leth toilichte cuideigin leis na sgilean sònraichte agus leis an fharsainneachd eòlais a tha aig Iain fhaighinn airson post a bhios cho cudromach ann a bhith a' cruthachadh lionradh rannsachaidh nàiseanta agus a' cruinneachadh fiosrachadh air cor agus cleachdadadh na Gàidhlig am measg an t-sluaigh. Tha Iain air a dheagh uidheamachadh airson a dhol an sàs anns an obair ioma-fhillt seo."

A' bruidhinn air Soillse agus air an dreuchd aige fhèin, thuirt Iain: "Air mo shon fhìn 's e urram a tha ann a bhith nam Àrd-Mhànaidsear air Soillse agus tha mi moiteil gun d' fhuair mi an cothrom an obair a ghabhail thairis. Ach 's ann do choimhairsnachd na Gàidhlig a tha na cothroman fa leth a' dol a thighinn bho thoraidhean Soillse.

"S e seo a' chiad uair a thàinig uiread de thaic bho Chomhairle Maoineachadh na h-Alba airson rannsachadh a dhèanamh air cuspairean ceangailte ris a' Ghàidhlig. Cuideachd 's e seo a' chiad uair a tha prìomh Oilthighean na h-Alba a tha a' cur taic ris a' Ghàidhlig a' tighinn còmhla ri Bòrd na Gàidhlig, ri lomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean agus ri buidhnean poblach eile airson taic a chur ris an iomairt airson cleachdadadh na Gàidhlig a leudachadh air feadh na h-Alba".

"Tha Soillse a' toirt cothrom do choimhairsnachd na Gàidhlig a bhith mun chuairt a' bhùird nuair a tha poileasaidhean air an deasbad aig àrd ìre air staid ar cànan. Tha mi a' coimhead romham gu mòr a bhith ag obair gu dlùth ri coimhairsnachdan na Gàidhlig air feadh na h-Alba, ris na h-oilthighean agus luchd-rannsachaidh a bhios an lùib a' phròiseict seo agus ris na buidhnean poblach eile a tha a' cur an taic ri Soillse agus ris an iomairt airson Gàidhlig a chur air bilean an t-sluaigh".

Bidh an dreuchd aig Mgr Caimbeul stèidhichte aig Sabhal Mòr Ostaig, Ionad Nàiseanta Cànan is Cultar na Gàidhlig, agus thathar cuideachd aig an àm seo a' sanasachd airson Neach-rannsachaidh agus Oileanach PhD a bhios cuide ag obair bhon Cholaiste. Tha tuilleadh mu na dreuchdan aig: http://www.smo.uhi.ac.uk/A-Cholaiste/cothroman-obrach_gd.html

Crioch

Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh bho Iain Caimbeul air 07870 575717 no tro phost-d Iain.Caimbeul@uhi.ac.uk

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



Fiosrachadh do luchd-deasachaidh:

SOILLSE

Chaidh SOILLSE stèidheachadh air sàilleabh gu bheil goireasan rannsachaidd a dhìth aig ìre ro-innleachd a tha comasach air fianais, dearbhadh agus tuigse fhreagarrach a thoirt do phoileasaidhean poblach a tha/bhios air an dealbhachadh airson ath-nuadhachadh a thoirt air cor na Gàidhlig ann an Alba san latha an-diugh agus san àm ri teachd.

Ma tha cùisean a thaobh staid a' chànan a' dol a dh'atharrachadh gus an tig adhartas mòr anns an t-suidheachadh far am bi am barrachd dhaoine a' cleachdad na Gàidhlig ann an diofar raointean, tha e riatanach gu bheil poileasaidhean cànan air an stiùireadh agus air am brosnachadh le fianais 's dearbhadh bho thoraidean rannsachaidd aig àrd-ìre.

Tha na h-amasan aig Soillse a' tighinn a rèir poileasaidhean Riaghaltas na Alba agus Plana Nàiseanta na Gàidhlig. Is e com-pàirteachas a tha ann an Soillse a tha a' toirt còmhla Institiùd OGE nam Mìle Bliadhna (gu h-àraidh Sabhal Mòr Ostaig), Oilthigh Obar Dheathain, Oilthigh Ghlaschu agus Oilthigh Dhùn Èideann. Thàinig maoineachadh airson Soillse bho Chomhairle Maoineachaidd na h-Alba, Bòrd na Gàidhlig agus Iomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean. Tha amasan dùbhlach aig Soillse ri choileanadh agus feumaidh na com-pàrtichean acadaimigeach agus na buidhnean poblach eile a bhith ag obair còmhla airson toraidhean a' phròiseict a thoirt gu buil. Cuideachd tha na toraidhean agus na buannachdan ris a bheilear an dùil à obair rannsachaidd SOILLSE an crochadh air ceanglaichean làidir agus ciallach a dhèanamh ri coimhairsnachdan Gàidhlig na h-Alba.

Tha maoineachadh luach £5.29m air a chur mu choinneimh a' Phròiseict. Tha leth den mhaoineachadh a' tighinn bho Chomhairle Maoineachaidd na h-Alba (£1.866m); Bòrd na Gàidhlig (£0.541m); agus Iomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean (£0.4m). Tha an dùrna leth gus a bhith a' tighinn bho na h-Oilthighean a tha a' gabhail pàirt ann an Soillse: Oilthigh Obar Dheathain; Oilthigh Ghlaschu; Oilthigh Dhùn Èideann 's Institiùd OGE nam Mìle Bliadhna. Is e seo an t-airgead-tasgaidh as mothà a chaidh a thairgsinn riamh airson rannsachadh air cuspairean ceangailte ri sòisio-chànanas na Gàidhlig. Cuideachd, agus gu cudromach, 's e seo a' chiad uair a tha na com-pàrtichean acadaimigeach air tighinn còmhla airson pròiseact rannsachaidd ceangailte ris a' Ghàidhlig anns an dòigh seo. Thathar an dùil gur e buannachd mhòr a bhios anns an dòigh obrach seo airson nan coimhairsnachdan Gàidhlig,

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



an luchd-rannsachaidh a bhios a' gabhail pàirt ann an SOILLSE agus cuideachd dha na h-Oilthighean fhèin.

Tuilleadh fios air: http://www.smo.uhi.ac.uk/Rannsachadh/soilse_gd.html

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



Press Release: For immediate use

Date: 28.05.10

SENIOR MANAGER APPOINTED FOR SOILLSE RESEARCH PROJECT

Iain Campbell from Milton, South Uist, has been appointed Senior Manager for the new Gaelic research project Soillse.

Iain currently lives near Kiltarlity, Inverness-shire. For the last eight years he has been the Director of his own consultancy company, Hecla Consulting. During that time, he has been involved in a number of research projects related to Gaelic development.

Previously, Iain was a Senior Consultant with EKOS Consultants as well as a Planning Manager for Highlands and Islands Enterprise. He has three MSc degrees as well as a BSc (Hons) in subjects related to Development, Economics and Management. He was educated at Kildonan Primary School and at Daliburgh Secondary School, South Uist.

The Soillse project will last for an initial six-year period with funding of £5.29 million. Half of the funding comes from the Scottish Funding Council (£1.866m); Bòrd na Gàidhlig (£0.541m); and Highlands and Islands Enterprise (£0.4m). The remainder comes from the Universities which are participating in the project, namely the University of Aberdeen, the University of Glasgow, the University of Edinburgh and UHI, the prospective university of the Highlands and Islands.

Soillse will research subjects in three key areas: the state of Gaelic in families and in communities; collecting hard evidence of the language benefits of Gaelic-medium education at different levels; and assessing the effectiveness of public policies on Gaelic and the language plans of public agencies.

Professor Boyd Robertson, Principal of Sabhal Mòr Ostaig, welcomed Iain to his post, saying: "We are delighted to have appointed someone like Iain, with such excellent skills and wide experience, to a post that will be particularly important in creating a national research network that will collect information on the state and usage of Gaelic. Iain is very well-equipped to undertake this complex role."

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



Speaking about Soillse and about his own role, Iain said: "Personally, it is an honour to be the Senior Manager of Soillse and I am proud that I have the opportunity to take over this role. But it is the Gaelic community which will benefit from the opportunities arising from Soillse."

"This is the first time that such support has come from the Scottish Funding Council for research projects on subjects related to Gaelic. It is also the first time that the main Scottish universities which support Gaelic have joined together with Bòrd na Gàidhlig, with Highlands and Islands Enterprise and with other public agencies to support the initiative to extend the usage of Gaelic throughout Scotland."

"Soillse is giving the Gaelic community the opportunity to be fully represented when policies about the state of our language are discussed at the highest levels. I am particularly looking forward to working closely with Gaelic communities throughout Scotland, with the universities and researchers who will be involved in this project, and with the other public agencies supporting Soillse and the drive to give everyone the opportunity to speak Gaelic."

Mr Campbell's post will be based at Sabhal Mòr Ostaig, the National Centre for the Gaelic Language and Culture. The project is also seeking to recruit a Researcher and a PhD student, who will both be based at the College. Further information about these posts can be found at: http://www.smo.uhi.ac.uk/A-Cholaiste/cothroman-obrach_gd.html

ENDS

Further information from Iain Campbell on 07870 575717 or by e-mail
Iain.Caimbeul@uhi.ac.uk

Information for editors

SOILLSE has been established in recognition of the strategic requirement to provide a much enhanced research capacity to inform public policy towards the maintenance and revitalisation of Gaelic language and culture.

If a paradigm shift is to occur in the use of Gaelic in Scotland then it is essential that policy development and professional practice is informed, stimulated and influenced by an enhanced and highly coordinated national research capability.

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



The aims and objectives of Soillse are aligned with key Scottish Government policies and priorities as well as with the priorities of the National Plan for Gaelic. Soillse is based around a partnership approach that comprises UHI, the prospective university of the Highlands and Islands and the Universities of Aberdeen, Glasgow and Edinburgh. The Scottish Funding Council, Bòrd Na Gàidhlig and Highlands and Islands Enterprise are also key funding partners in Soillse. The challenging aims and targets that have been set for Soillse can only be achieved if full cooperation exists between the academic and public sector partners that are participating in the project. Central also to the success of the Soillse will be the establishment of a meaningful partnership with the Gaelic communities of Scotland.

The total research funding allocated to Soillse is £5.29million. The Scottish Funding Council are investing £1.86million; Bòrd na Gàidhlig £541,000 and HIE £400,000. £2.49million of new and matched funding contributions will come from the 4 Scottish Higher Education Institutions of Aberdeen, Edinburgh, Glasgow and UHI that are participating in Soillse. Soillse represents the largest ever investment in Gaelic-related research and a unique pooling of resources by the key academic Institutions that are involved. It is hoped that this approach will yield significant benefits for Gaelic communities, for those researchers involved in Soillse and also for the institutions themselves.

Further information is available at: http://www.smo.uhi.ac.uk/Rannsachadh/soilse_gd.html